



Na Lochlannaich

Mar a tha an t-ainm Gàidhlig a' mìneachadh dhuinn, b' e buidheann de dhaoine bho na dùthchannan Lochlannach (Nirribhidh, An Danmhairg agus an t-Suain) a bha anns na Lochlannaich. Dh'fhàg mòran dhe na Lochlannaich na sgìrean anns an robh iad air tighinn beò airson **malairt** agus **àiteachas** a stèidheachadh, **cogadh** agus **creachadh** a dhèanamh agus gus tìrean ùra fhaicinn.

Sheòl iad agus thug iad buaidh air sgìrean fad is farsaing anns a' Chuan Atlantaig a Tuath.

Tha fianais bho eachdraidh ag innse dhuinn gun robh **tuineachaidhean** Lochlannach air an stèidheachadh anns na dùthchannan far a bheil Canada, Innis Tìle, Iraq agus An Ruis anns an latha an-diugh a bharrachd air dùthchannan a bha na b' fhaighe orra.

Thug iad buaidh mhòr air iomadh sgìre a thaobh cànan, cultar agus dòigh-beatha.

Bha an **creideamh** agus na **creideasan** aca fhèin aca agus bha iad air feadhainn dhe na seòladairean a b' fheàrr air an t-saoghal le **longan** mòra aca gus daoine a ghiùlan mìltean mòra thar a' chuain.





Bha na Lochlannaich aig àirde an cumhachd eadar deireadh an 8mh agus meadhan an 11mh linn. Tha aithrisean ann gun tàinig Lochlannaich bho Nirribhidh a dh'Alba agus a dh'Èirinn.

B' ann air eilean beag Lindisfarne, far costa an ear-thuath Shasainn, a chaidh a' chiad ionnsaigh aig na Lochlannaich a chlàradh.

Bha **manachainn** Chrìosdail air an eilean sin agus chaidh a **creachadh** agus a milleadh leis na Lochlannaich anns a' bhliadhna 793. Chaidh togalach nam **manach** a **sgrios** agus chaidh manaich a mharbhadh. Bha cuid dhe na **stòrasan** bu phrìseile aig an eaglais Chrìosdail anns an eilean sin.



Dìreach dà bhliadhna an dèidh nan **ionnsaighean** a chaidh a dhèanamh air Eilean Lindisfarne, chaidh ionnsaighean eile a thoirt air eilean far an robh manachainn agus far an robh **coimhearsnachd** Chrìosdail air a stèidheachadh. Bha Eilean Ì fìor chudromach leis gur ann air an eilean sin a stèidhich an Naomh Calum Cille manachainn agus coimhearsnachd Chrìosdail anns a' bhliadhna 563.

Thug na Lochlannaich ionnsaighean air an eilean sin trì tursan anns na bliadhnachan 795, 802 agus 805.

Cha b' ann a-mhàin air Eilean Ì a thug Lochlannaich **ionnsaigh**. Chaidh iad air tìr anns na h-Eileanan Siar, Arcaibh agus Sealtainn agus air tìr-mòr na h-Alba cuideachd.